



AITHISG BHLIADHNAIL & AITHRIS NAN CUNNTASAN
ANNUAL REPORT & STATEMENT OF ACCOUNTS

11-12



Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD

24 Cèitean 2012

Colette Bowe
Cathraiche
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LUNNAINN
SE1 9HA

A Bh-uas Bowe

Aithisg Bhliadhnaill & Aithris nan Cunntasan

An co-chòrdadh ri Earrann 19(12) de Achd Craolaidh 1990,
tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnaill Sheirbheis nam
Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na
bliadhna a dhùin 31 Màrt 2012.



Alasdair Moireasdan
CATHRAICHE

Seaforth Road
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2SD

24 May 2012

Colette Bowe
Chairman
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LONDON
SE1 9HA

Dear Ms Bowe

Annual Report & Statement of Accounts

In accordance with Schedule 19(12) of the Broadcasting
Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam
Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the
Statement of Accounts for the year ended 31 March 2012.



Alasdair Morrison
CHAIRMAN



Duaisean FilmG: FilmG Awards – Donald MacDonald and the Islands - Carol McCabe Photography

CLÀR-INNSE CONTENTS

04	LÈIRSINN / RÙN VISION / MISSION
06	TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE CHAIRMAN'S MESSAGE
10	LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW
14	AMASAN IS TORAIDHEAN 2011 12 OBJECTIVES AND OUTCOMES 2011 12
16	LÈIRMHEAS AIR A' BHLIADHNA: BBC ALBA AGUS MEADHANAN GÀIDHLIG EILE A REVIEW OF THE YEAR: BBC ALBA AND OTHER GAELIC MEDIA CONTENT
32	AITHRIS RIAGHLAIDH GOVERNANCE STATEMENT
39	SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG (AG OBRACHADH FON AINM MG ALBA) – CUNNTASAN AIRSON NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2011 SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG (OPERATING AS MG ALBA) - ACCOUNTS FOR THE YEAR ENDED 31 MARCH 2011
58	TUILLEADH FIOSRACHAIDH ADDITIONAL INFORMATION
60	LUCHD-OBRACH STAFF
62	BUILL A' BHÙIRD BOARD MEMBERS
64	COMHAIRLICHEAN & FIOS THUGAINN ADVISORS & CONTACT DETAILS

LÈIRSINN / VISION

- ★ Gum bi na meadhanan Gàidhlig aithnichte fad is farsaing airson obair chruthachail, ùr-ghnathach agus den ìre as àirde
- That Gaelic Media is recognised universally for creativity, innovation and the highest standards

RÙN / MISSION

- ✖ Geallaidh sinn spionadh agus brosnachadh a thoirt tro na Meadhanan agus tron Ghàidhlig
Our promise is to inspire and encourage through Media and Gaelic
- ✖ A' toirt Gàidhlig thugaibh
Bringing Gaelic to you

TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE CHAIRMAN'S MESSAGE

6

An 2011, an dèidh faisg air 3 bliadhna de chraoladh, bha BBC ALBA ri fhaotainn do luchd-coimhidh air feadh Alba nuair a chuireadh an t-seanail air Càball Virgin Media air 18 Cèitean agus air seanail 8 Freeview air 8 Ògmhios. Dh'obraich MG ALBA còmhla ri ar com-pàrtichean eile aig a' BhBC gus BBC ALBA a thabhan air a h-uile meadhan TBh, ceum eachdraidheil a tha air buaidh mhòr a thoirt air àireamhan amhairc BBC ALBA. Tha sinn taingeil airson na taic a fhuaireann bho Urras a' BhBC, bho na pàrtaidhean poilitigeach ann an Holyrood agus Westminster, a thuilleadh air na fhuaras bho mhòran bhuidhnean is dhaoine fa leth.

Gach seachdain tha mu leth-mhillean neach ann an Alba a-nise a' coimhead BBC ALBA. Tha ceathrar a-mach à còignear de luchd-labhairt na Gàidhlig a' coimhead na seanail gach seachdain agus tha e na thlachd cluinntinn gun robh dùblachadh cuideachd san àireamh dhaoine a choimhead prògraman Gàidhlig air-loidhne sa bhliadhna a chaidh seachad.

Chan e a-mhàin gu bheil BBC ALBA air cur gu mòr ri craoladh ann an Alba sa bhliadhna mu dheireadh, ach tha e cuideachd air iomhaigh is cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh. Tha priomh phàirt aig an t-seanail ann an adhartachadh cànan na Gàidhlig a thuilleadh air a bhith a' cur taic ri ionnsachadh na Gàidhlig le bhith a' craoladh

A fter almost 3 years of broadcasting, BBC ALBA finally became available to all viewers across Scotland in 2011 when the channel launched on the Virgin Media Cable platform on 18th May and on Freeview channel 8 on the 8th of June. MG ALBA, along with our partners at the BBC, worked tirelessly towards securing BBC ALBA on all TV platforms, a monumental step that has had a dramatic effect on BBC ALBA viewing figures. We have been grateful for the support from the BBC Trust, all political parties in Holyrood and Westminster, as well as that received from many other individuals and organisations.

Each week around half a million viewers in Scotland now tune in to BBC ALBA. Four out of five Gaelic speakers watch the channel every week and it is gratifying that online consumption of Gaelic programmes has also doubled in the last year.

Not only has BBC ALBA made an important contribution to broadcasting in Scotland over the past year, but it has also strengthened the profile and use of the Gaelic language. The channel plays a key role in promoting the Gaelic language as well as supporting language learning through broadcasting programmes for learners and those interested



phòrograman dha luchd-ionnsachaidh agus dhan fheadhainn aig a bheil ùidh ann an cànan is cultar na Gàidhlig. Bha mi air leth toilichte gun dh'fhoillsich MG ALBA, air 19 Dàmhair 2011, ann an com-pàirteachas leis a' BhBC, Bòrd na Gàidhlig, Bòrd nan Sgrùdaidhean Ceilteach, Sabhal Mòr Ostaig agus le cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba, an goireas sònraichte air-loidhne gus a' Ghàidhlig ionnsachadh: LearnGaelic.net. Tha an làrach-lin air a bhith soirbheachail dha-riùribh on chaidh a foillseachadh agus bidh i a' cur feum air maoineachadh iomchaidh ma thathas gu bhith a' barantachadh innealan ionnsachaidh ùra gus na bearnan, a th' ann an roinnean de dh'ionnsachadh Gàidhlig, a lìonadh thairis air an dà bhliadhna ri teachd.

Tha sinn air a bhith déidheil tuigse a cho-roinn le craoladairean ann an Lionra Dùthchasach Craoladh Telebhisean na Cruinne (WITBN), a thadhail air MG ALBA ann an Steòrnabhagh sa Giblean 2011. Chùm sinn còmhraidhean le riochdairean bho Mäori Television, NRK Sápmi (Nirribhidh), APTN (Canada), NITV (Astràilia), TITV (Taiwan), TG4 ann an Éirinn, S4C sa Chuimhrigh agus mòran eile, mu na dùblain ceudna a tha mu ar coinneamh mar chraoladairean cànanan dùthchasach. Tha sinn a' coimhead rin eisimpleirean mar bhrosnachadh airson com-pàirteachas BBC ALBA.

Gheibh com-pàirteachas BBC ALBA neartachadh a bharrachd sna bliadhnaichean ri thighean nuair a ghluaiseas

in Gaelic language and culture. I was particularly pleased that on 19th October 2011, MG ALBA, in partnership with the BBC, Bòrd na Gàidhlig, the Board of Celtic Studies, Sabhal Mòr Ostaig and with help from the Scottish Government, launched the unique online resource for Gaelic learning: LearnGaelic.net. The website has had increasing success since its launch and it will require adequate funding if it is to commission new learning tools to fill the gaps in the areas of Gaelic learning over the next couple of years.

We have been keen to share insights with our fellow indigenous broadcasters in the World Indigenous Television Broadcasting Network (WITBN), who visited MG ALBA in Stornoway in April 2011. We held discussions with representatives from Mäori Television, NRK Sápmi (Norway), APTN (Canada), NITV (Australia), TITV (Taiwan), TG4 in Ireland, S4C in Wales and many more, on the similar challenges we face as indigenous language broadcasters. We look to their examples as inspiration for the BBC ALBA partnership.

The BBC ALBA partnership will be strengthened further in the years to come when the two partners co-locate in the

an dà chom-pàrtiche gu lonad nam Meadhanan Cruthachail a chaidh fhosgladh gu foirmeil ann an Steòrnabhagh air 9 Màrt 2012. Cruthaichidh an dlùth-obrachadh seo cothroman airson goireasan a thoirt còmhla thairis air meadhanan telebhisein, rèidio is air-loidhne a chum buannachd na seanail agus iomairtean meadhanan Gàidhlig eile.

Thar nan ceithir bliadhna a tha mi air a bhith aig MG ALBA tha mi air FilmG, co-fharpais filmichean goirid Gàidhlig MG ALBA, fhaicinn a' fàs bho thoiseach tòiseachaidh gu aon de phrìomh thachartasan na bliadhna. Fhuair FilmG, a tha a-nis sa cheathramh bliadhna, an àireamh a bu mhotha a fhuaireas fhastadh de fhilmichean Gàidhlig à Alba agus thall thairis ann an 2011/12. Tha FilmG na dhileab airson nam meadhanan Gàidhlig san àm ri teachd.

Tha MG ALBA a' sior choimhead air adhart agus tha sinn airson dèiligeadh gu soirbheachail ri na priomh dhùblain a tha mu ar coinneamh. Bidh an àireamh àrd de phrògraman a th' air an ath-chraoladh air BBC ALBA, agus an comas a bhios ann san fhad-ùine àireamh an luchd-amhairc a chumail seasmhach aig na h-ìrean buidseit a th' ann an-dràsta, na phrìomh amas ann an 2012/13 agus às deidh sin.

Anns an dealachadh, bu mhath leam taing mhòr a thoirt dha na buill a tha a' falbh: An t-Àrd-Ollamh Raibeart Dunbar, Donnchadh MacAonghais, Shona NiclìFhinnein, Rhoda Meek agus Gordon MaclìFhinnein airson an cuid obrach thairis air na 4 bliadhna. Tha mi làn cinnteach gun obraich an Cathraiche ùr, Magaidh Choineagan, cuide ri luchd-obrach agus buill MG ALBA gus dèiligeadh ri na dùblain a tha fan comhair, a' glacadh nan cothroman a dh'èireas agus a' cumail ri na luachan bunasach againn, leithid comPAIReachas is sàr-mhathas. 'S ann le dòchas a dh'fhaodas MG ALBA agus ar co-oibricean aig a' BhBC a bhith a' coimhead air adhart ri linn ùr dha BBC ALBA, mar sheirbheis a tha stèidhichte a-nis mar phàirt chudromach de bheatha chultarach na dùthcha.

Creative Industries and Media Centre that was officially opened in Stornoway on 9th March 2012. This proximity will create opportunities to integrate resources across television, radio and online platforms to the benefit of the channel and other Gaelic media endeavours.

Throughout my four year term with MG ALBA I have seen FilmG, MG ALBA's Gaelic media shorts competition, grow from a standing start into one of the highlights of the year. FilmG, now in its fourth year, received a record number of Gaelic short film entries from Scotland and further afield in 2011/12. FilmG is a legacy for the future of Gaelic media.

MG ALBA continues to look to the future and we are keen to overcome the key challenges that lie ahead. The high repeat ratio of BBC ALBA and long-term ability to sustain audience performance at current budget levels will be a primary focus in 2012/13 and beyond.

Last but not at all least, I would like to express my sincerest appreciation to the departing Board members: Professor Robert Dunbar, Duncan MacInnes, Shona MacLennan, Rhoda Meek and Gordon MacLennan for their contributions over the last 4 years. I am confident that my successor Maggie Cunningham will work with MG ALBA staff and board to tackle the challenges ahead, capitalising on opportunities that arise whilst honouring our core values such as partnership and excellence. It is with optimism that MG ALBA and our colleagues at the BBC can look forward to a new era for BBC ALBA, as a service that is now established as an important part of the nation's cultural life.



Alasdair Moireasdan | Cathraiche
Alasdair Morrison | Chairman

“

GACH SEACHDAIN THA MU LETH-MHILLEAN
NEACH ANN AN ALBA A-NISE A' COIMHEAD
BBC ALBA.

EACH WEEK AROUND HALF A MILLION
VIEWERS IN SCOTLAND NOW TUNE IN TO
BBC ALBA.

”

LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW

10

'S e beachdan an luchd-coimhid am measadh as cudromache air stèisean telebhisein sam bith, agus ann an 2011/12 bha bliadhna air leth soirbheachail aig BBC ALBA. Chomharrach an iomairt, "Seall Seo BBC ALBA", tràth as t-samhradh 2011, töiseachadh na seanail air Virgin Media agus Freeview. Chaidh aire nam meadhanan a tharraing gu mòr chun leasachadh a bha seo ris an robhar a' feitheamh gu furachail, agus na bu chudromache buileach, dhùblaich e an luchd-amhairc gu mu leth-mhillean gach seachdain.

Cha do chuir cothroman a bhith a' faicinn BBC ALBA air na trì priomh mheadhanan telebhisein – saideal, càball is didseatach talmhainn – bacadh air daoine a bhith a' cleachdadh iPlayer. Lean iarrtas airson coimhead aig amannan roghnach a rèir fàs an tabhartais dhìrich agus bha e gu sònraichte na tlachd mhòr gun robh fianais ann am measg nam pàtral coimhid mu chleachdadh cudromach air-loidhne de phrògraman cloinne na seanail.

Le BBC ALBA ri fhaontainn air feadh na h-Alba bhon Ògmhios 2011, sheall an dòigh san robhar a' cleachdadhan an t-seanail agus an t-seirbheis roghnach air-loidhne gu bheilear a' cur luach ann am prògraman telebhisein Gàidhlig, chan ann a-mhàin le fileantaich is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, dha bheil an t-seanail na phriomh thaigse, ach cuideachd leis a' choimhearsnachd air feadh Alba san fharsaingeachd a tha

The most important measure of any television station is viewership, and in 2011/12 BBC ALBA had a particularly successful year. The "Open Your Eyes to BBC ALBA" campaign in early summer 2011 celebrated the arrival of the channel on Virgin Media and Freeview. This eagerly awaited development attracted significant media coverage and, more importantly, helped to more than double the average weekly audience to around the half million mark.

The availability of BBC ALBA on the three main television platforms – satellite, cable and digital terrestrial – did nothing to deter iPlayer users. Demand for catch-up viewing continued to grow in line with the growth of the popularity of the linear offering, and giving particular cause for satisfaction was evidence that among the viewing patterns there was significant online consumption of the channel's children's brands.

With BBC ALBA being available universally in Scotland from June 2011, the subsequent performance of the channel and its online catch-up service proved that Gaelic television programmes are valued not just by Gaelic speakers and learners, for whom the channel is a core proposition, but also by the wider Scottish community who are now getting used to finding accessible, enjoyable and educational



a-nise a' fàs cleachdte ri susbaint ruigsinneach, thlachdmhor is oideachail nach fhaighean an àite sam bith eile.

Tha BBC ALBA air a bhith na phriomhachas aig MG ALBA is tha e mar sin fhathast. Cuide ri sin, chunnacas sa bhliadhna seo com-pàirteachadh a' leudachadh ann am pròiseact soirbheachail FilmG. Chaidh 76 film goirid Gàidhlig a chruthachadh tron bhliadhna le fileantaich is luchd-ionnsachaидh tàlantach, sean is òg. 'S e cùis mhisneachail is bhrosnachail a tha san sgeul seo dhaibhsan a tha mar an luchd-amhairc air a bheil BBC ALBA a' cuimseachadh ach a tha iad fhèin gu mòr an sàs ann a bhith a' cruthachadh is a' dealbhachadh susbaint meadhanan na Gàidhlig.

Bha miann an luchd-coimhid a bhith a' dol an sàs barrachd ann am meadhanan neo-dhìreach cuideachd a' daingneachadh na dòigh-obrachaidh againn le luchd-ionnsachadh. Tha sinn den bheachd gu bheil stoidhle ionnsachaيدh fa leth aca agus gum bi iad airson ionnsachadh aig an astar fhèin agus nan tide fhèin. Air sgàth sin, is mar fhreagairt dhan iarrtas airson goireasan lèir-chlaistinneach BBC ALBA, a bheireadh taic na b' fheàrr dha ionnsachadh cànan, chaidh sinn an sàs ann am pròiseact gus goireasan neo-dhìreach dha luchd-ionnsachaيدh a libhrigeadh. Bha foillseachadh www.learngaelic.net le MG ALBA agus le ar com-pàrtichean san Dàmhair 2011 a' coileanadh an dleastanais a bhullich Rùnaire a' Chaibineit,

content that is not available elsewhere.

MG ALBA's priority was and remains BBC ALBA. In addition to this, the year also saw growing participation in a very successful FilmG project. 76 short films in Gaelic were created during the year by talented Gaelic speakers and learners, both young and old. The story is one of optimism and inspiration among a community of people who are not only among the target audience for BBC ALBA, but who are also taking an active part in creating and shaping Gaelic media content.

The desire to allow the audience to be more active participants in non-linear media also underpinned our approach to Gaelic learners. We believe that learners have individual learning styles and preferences and may wish to learn at their own pace and at times of their own choosing. As a result, and as a response to demand for BBC ALBA's audiovisual resources to better support language learning, we embarked on a project to deliver a new non-linear suite of resources for learners. The launch of www.learngaelic.net by MG ALBA and our partners in October 2011 was the fulfilment of a task entrusted to MG ALBA at the Sabhal Mòr Ostaig lecture in December 2009 by the Cabinet Secretary, Mr Michael Russell. The site is an exemplar of

Mgr Mìcheal Russell, air MG ALBA aig òraid Sabhal Mòr Ostaig san Dùblachd 2009. Tha an làrach na h-eisimpleir de chom-pàirteachas, is 17 diofar bhuidhnean a' co-obrachadh gus seirbheis luachmhor a lìbhrigeadh dha luchd-ionnsachaidh de gach comas. Bidh e riatanach a bhith a' cumail oirnn a' cur stuthan ùra dhan làraich gus dèanamh cinnteach gum bi i freagarrach is feumail.

Tha an suidheachadh teann eaonamach a th' ann an-dràsta air a bhith dùbhlach. Tha an roinn na stad agus chan eil cothroman gu leòr sna meadhanan craolaidh an-dràsta airson rùinteán ginealach le tàlantan ùra a choileanadh. Tha seo air uallach a chur air roinnean taobh a-muigh craoladh na Gàidhlig, ach ann an àrainneachd chugallach meadhanan na Gàidhlig bidh e a' sìor fhàs nas cudromaich a bhith a' lorg chòighean ùra, cruthachail gus cothrom a thoirt dha fileantaich is luchd-ionnsachaidh pàirt a ghabhail ann an cruthachadh is com-pàirteachadh meadhanan na Gàidhlig.

Ann an 2011/12 dhèilig MG ALBA ri lùghdachadh maoineachaiddh de £600k. Dhòn sinn buidseat nam prògraman le sàbhalaidean ann am margaidheachd, trìeanadh is leasachadh, ach tha sinn air leth mothachail gu bheil clàr-ama an TBh gann de nuadh-dhràma is de nuadh-phrògraman cloinne, pàromh iarrtas dha luchd-coimhid na Gàidhlig. Tron bhliadhna, mhaoinich MG ALBA 384 uairean susbaint (23 nas lugha na a' bhliadhna roimhe) is chaidh 403 nuadh-uairean de phrògraman MG ALBA a chraoladh. Aig deireadh na bliadhna bha luach nam prògraman, criochnaichte no air an robhar ag obair, aig £2.6m an co-rèir ri poileasaidh na buidhne. Bha £324k sna cunntasan aig ceann na bliadhna, £100k den sin a' ríochdachadh airgead calpa a chaidh a chur chun ath bhliadhna-ionmhais.

Tron bhliadhna, ghabh sinn os làimh pàromh eacarsaich gus cùmhnantan solarachd phrògraman fad-ùine ùrachadh. Tro thairgsean farpaiseach chaidh cùmhnantan dà bhliadhna a thabhan dha 9 solaraichean fa leth. Aig an aon àm dh'aontaich MG ALBA le HMRC is leis a' ghniomhachas, mu atharrachadh cudromach ann an cruth reachdail is susbaint cùmhnantan solarachd phrògraman – a' gluasad bho mhaoineachadh tabhartasach phrògraman gu rèiteachaidhean dìreach ann an ceannachd phrògraman. Bha an t-atharrachadh cudromach seach gu bheil e ag atharrachadh inbhe VAT na buidhne is a' dèanamh MG ALBA na buidheann susbainte dha BBC ALBA.

partnership, with 17 different organisations collaborating to deliver a valuable service to learners of all abilities. Ongoing investment in new content for the site will be crucial in ensuring its relevance and usefulness.

The prevailing economic climate of austerity has, of course, proved challenging. The sector is static and there is not a sufficient supply of opportunities in broadcast media currently to meet the aspirations of a generation of emerging talent. This is a cause for concern in sectors beyond that of Gaelic broadcasting, but in the fragile ecology of Gaelic media it will become more and more important to find new and creative ways to allow speakers and learners to participate in making and sharing Gaelic media.

In 2011/12 MG ALBA absorbed a cut in funding of £600k. We protected the budget for the TV schedule by making economies in marketing, training and development, but we remain acutely aware that the TV schedule remains short of original drama and original children's programming; core propositions for the Gaelic audience. In the course of the year, MG ALBA funded 384 hours of content (23 less than the previous year) and 403 original hours of MG ALBA programmes were broadcast. The value of completed programmes and work-in-progress at the year-end was £2.6m, in line with prudent company policy. Closing year-end cash was £324k, of which £100k represents capital expenditure deferred into the next financial year.

In the course of the year we undertook a major exercise to renew long-term programme supply contracts. Competitive tendering resulted in contracts, each of 2-year duration, being offered to 9 suppliers. At the same time MG ALBA agreed with HMRC and with the sector a significant change in the legal form and substance of programme supply contracts – moving from the provision of grant-aid programme funding to straightforward programme purchase arrangements. The change was significant in that it changed the VAT status of the organisation and makes MG ALBA an aggregator of content for BBC ALBA.

Gus cuideachadh le na rèiteachaidhean ùra, chuir MG ALBA an cèill an rùn gus an ruigsinneachd as iomlaine gu prògraman maoinichte fhaotainn dha luchd-coimhid san àm ri teachd gun bacadh a chur air comas an riochdaire brath a ghabhail air an t-susbaint nan nochdadach cothrom malaireach. Mar thoradh air seo, thèid cùmhnantan solarachd phrògraman ùra a thoirt a-steach, dhan toir, thathas an dòchas, roinn an riochdachaidh taic.

Tron bhliadhna, chuir Comhairle nan Eilean Siar crìoch air ath-nuadhachadh an togalaich ri taobh MG ALBA agus chaidh fhosgladh gu foirmeil mar ionad nam Meadhanan Cruthachail. Tha MG ALBA an dùil an làr ìosal a chleachdad is ar n-àite fhìn ath-nuadhachadh ann an 2012/13 gus cothrom a thoirt dhan BhBC a thighinn còmhla rinn ann an ionad cruthachail airson craoladh telebhisein is rèidio na Gàidhlig.

Tha sgiobaidean na seanail is an ionmhais eadar MG ALBA is am BBC airidh air moladh mòr airson na tha BBC ALBA air a choileanadh taobh a-staigh crìochan teann maoineachaiddh. Tha BBC ALBA cuideachd an urra ri obair chruaidh is proifeiseantachd sgioba rianachd, teicneòlais is conaltraidh MG ALBA. Tha an sgioba air fad air a bhith dealasach a thaobh leasachadh leantainneach na buidhne is ri an leasachadh proifeiseanta leantainneach fhèin. Mar sgioba, tha sinn air cur an cèill ar Lèirsinn, ar Rùn is ar Luachan, mar a tha sinn gam faicinn, a bheir treòrachadh dhuinn agus dham bi sinn cunntachail nar beachd fhìn is am beachd chàich.

Thug 2011/12 BBC ALBA gu Virgin Media is Freeview. Bidh dùbhlann againn sa bhliadhna a tha romhainn ag obair le ar luchd-coimhid, a' choimhearsnachd riochdachaidh, ar com-pàirticean is ar luchd-ùidhe gus dèanamh cinnteach gu bheil BBC ALBA a' cur ris an t-soirbheachadh thràth a bh' aca. Tha sinn air leth toilichte le com-pàirteachas a' BhBC is a' toirt taing dhùrachdach dhaibh airson an cuid obrach is an dichill. Tha sinn a' toirt taing shònraichte dha luchd-amhairc ar prògraman a tha tilleadh, a h-uile latha is a h-uile seachdain, gu BBC ALBA.

To complement the new arrangements, MG ALBA set out its desire to secure for future audiences the fullest possible access to funded programmes without impeding the ability of the producer to exploit the product if a commercial opportunity exists. The result will be that new programme supply terms will be introduced which we hope the production sector will support.

During the year, Comhairle nan Eilean Siar completed the refurbishment of the building adjacent to MG ALBA and formally opened it as the Creative Industries and Media Centre. MG ALBA intends to occupy the ground floor and to refurbish our own premises in 2012/13 to enable the BBC to join us in what we expect will be a creative hub for Gaelic television and radio broadcasting.

Our channel and finance teams, from MG ALBA and the BBC, deserve huge credit for the performance of BBC ALBA within tight financial parameters. BBC ALBA also depends on the hard work and professionalism of MG ALBA's administrative, technology and communications staff. All staff have committed enthusiastically to the ongoing development of the organisation and to their own continuing professional development. As a team we have stated what we believe are our Vision and our Mission and also the Values which will guide our behaviours and to which we will be held accountable by ourselves and others.

The year 2011/12 took BBC ALBA onto Virgin Media and Freeview. The year ahead will challenge us to work with our audience, the production community, our partners and our stakeholders to ensure that BBC ALBA builds on its early successes. We have been delighted with the partnership with the BBC and we thank them sincerely for their hard work and diligence. We thank especially those who have watched our programmes and who return day after day, week after week, to BBC ALBA.



Dòmhnull Caimbeul | Àrd-oifigear
Donald Campbell | Chief Executive

AMAS / OBJECTIVE

TORADH / OUTCOME

Sgaoileadh / Distribution

Sgaoileadh BBC ALBA do gach dachaigh ann an Alba
Transmission of BBC ALBA to all homes in Scotland

Giùlan air DTT, saideal agus cábhall uile air a thoirt gu buil ro 8 Ògmhios 2011
Carriage on DTT, satellite and cable all achieved by 8th June 2011

**Ro-innleachd / Strategy**

Maoineachadh ga chur air dòigh airson 3 uairean de nuadh-phrògraman làitheil
Funding in place for 3 hours of daily origination

A' leantainn
Ongoing

**Susbaint Telebhisein / Television Content**

Gus 70% de phriomh luchd-amhairc agus 10% den luchd-amhairc nas coitcheinne a ruiginn gach seachdain
To reach 70% of the core audience and 10% of the wider audience each week

76% agus 12.5% air an coileanadh
76% and 12.5% achieved



Cùm suas iomadachd seòrsa, càileachd agus luach an airgid à solar nam prògraman
Maintain diversity of genre, quality and value for money from programme supply

Sgrùdaidhean dòigheil agus miadh an luchd-amhairc air an coileanadh.
Tuilleadh phrògraman Dràma 's Cloinne a dhith
Satisfactory audits and audience appreciation achieved. More Drama and Childrens' programming needed

**Leasachadh / Development**

Leasaich Dràma Gàidhlig do BhBC ALBA
Develop Gaelic Drama for BBC ALBA

Aithisg air a dèanamh. Maoineachadh fhathast ri fhaighinn
Report produced. Funding yet to be secured



Leasaich beachdan prògramiù-ghnàthach le molaidhean freagarrach airson co-rioichdachadh eadar-nàiseanta
Develop innovative programme ideas including proposals suitable for international co-production

Gun mòran gnìomhachd leasachaidh
Development activity limited

**Air-loidhne / Online**

Cùm suas 10 uairean san t-seachdain air an iPlayer
Maintain 10 hours per week on the iPlayer

Air a choileanadh: le 2.2 millean sealladh iPlayer thar na bliadhna
Achieved: with 2.2 million iPlayer viewings over the year



Òrdaich susbaintùr air-loidhne don làraich ionnsachaidh fo chùram BBC ALBA
Commission new online content for BBC ALBA-supported learners website

A' dol air adhart.
In progress.



Cùm suas www.mgalba.com mar "àite cruinneachaidh" airson proifeiseantaich a' ghniomhachais, tälantùr agus luchd-cleachdaidh eile nam meadhanan Gàidhlig
Maintain www.mgalba.com as a "meeting place" for industry professionals, new talent and other consumers of Gaelic media

Ùrachadh na làraich-lìn ri chriochnachadh ron Dàmhair 2012
Website refresh to be completed by October 2012



Co-aonta ro-innleachdail a thaobh ro-innleachd airson com-pàrt nam meadhanan didseatach agus littearrachd
Strategic consensus on a strategy for digital media participation and literacy

Dreach Meòrachan Tuigse eadar MG ALBA agus Bòrd na Gàidhlig ri ullachadh
Draft Memorandum of Understanding between MG ALBA and Bòrd na Gàidhlig

**Margaidheachd / Marketing**

Meudaich an t-suim a tha na meadhanan a' cur ann am prògraman BBC ALBA
Generate higher levels of media interest in BBC ALBA programming

Liostaichean agus follaiseachd sna pàipearan-naidheachd air an leasachadh
Listings and tabloid coverage improved



Àrdaich aimm MG ALBA mar phriomh chuidiche do leasachadh agus adhartachadh na Gàidhlig tro na meadhanan
Build the brand of MG ALBA as a leading contributor to the development and promotion of Gaelic through media

Gnioman àrdachadh aimm air an dèanamh ach tha obair leantainneach, agus ùrachadh den làraich-lìn a dhìth
Brand building activities carried out but ongoing work required, including website refresh



AMAS / OBJECTIVE

TORADH / OUTCOME

Ràdio / Radio

Meudaich a' bhuaidh aig susbaint maoinichte le MG ALBA airson rèudio coimearsalta is coimhearsnachd, gu h-àraidh do luchd-eisteachd nas òige
Increase the impact of MG ALBA funded content in community and commercial radio, especially with younger audiences

Prògram dà-chànanach seachdaineach air Moray Firth Radio (agus roinnt le seanailean rèudio ionadail eile) a tha air duaisean a bhuanachadh
Award-winning weekly bilingual show established on Moray Firth Radio (& syndicated on other local radio channels)



Faigh cur-a-mach rèudio nas mothà le ro-innleachd comiseanachaiddh de 360 puingean
Achieve greater radio output through 360 degree commissioning strategy

Fhuaras 30% de shusbaint Radio nan Gàidheal, maoinichte le MG ALBA, bho choimiseanachadh telebhisein
Achieved 30% of MG ALBA's funded content on Radio nan Gàidheal from television commissioning



Rannsachadh / Research

Fiosrachadh nas fheàrr fhàighinn à rannsachadh luchd-amhairc
Improve the quality of audience reach data

1. Mheudaich àireamh luchd-tillidh a' phannail ruiginn Ghàidhlig gu 300
2. A' faighinn suirbhidh airson Alba gu lèir a bheir mion-chunntas air gnè-phrògraman
1. Number of returners on Gaelic reach panel increased to 300
2. Receiving Scotland-wide survey that reports on genre detail



Rannsaich raointean üidh sònraichte do ro-innleachd phrògraman BBC ALBA
Research specific areas of interest for BBC ALBA programme strategy

Cha deach a ghabhail os làimh
Not undertaken



Trèanadh / Training

Cuideachadh is structar airson sgeama trèanaidh sa ghniomhachas riocdhachaiddh neo-eisimeileach
Facilitate a structured training regime within the independent sector

A' dol air adhart
In progress



Thoir comes do leasachadh talant agus com-pàirt nam meadhanan didseatach aig ire sgoile agus coimhearsnachd
Enable the development of talent and digital media participation at school and community level

Taic airson FilmG agus airson barantachadh nam Meadhanan Didseatach aig an SQA
Support for FilmG and for Digital Media SQA accreditation



Cuir ri leasachadh nam proifeiseantach Gàidhlig san àm ri teachd bhon àite-ionnsachaiddh chun àite-obrach
Contribute towards the progression of future Gaelic-speaking professionals from the place of learning to the workplace

Còig greisean gniomhachais air an stèidheachadh le companaidhean ag obair an roinn nam meadhanan Gàidhlig
Five student placements established with companies working in the Gaelic media sector



Goireasan / Operations

Goireasan mheadhanan MG ALBA gan cleachdadh airson cur-a-mach na seanail gun fhàllinnean agus le modhan rianachd chunnartan le sùbailteachd fillte nan lùib. Goireasan airson am fastadh fad na bliadhna
MG ALBA media facilities in use for channel output experiencing no failures and with built-in risk management and resilience. Facilities being available for hire throughout the year

Goireas Steòrnabhaigh air a chur gu làn fheum agus targaid teachd-a-steach air a choileanadh
Full utilisation of the Stornoway facility and target income achieved



Stèidhich plana airson leasachadh teicneòlasach le àrd-lèireachadh agus gun teip
Establish a plan for technological development including high-definition and tapeless

Ro-innleachd air a h-aontachadh leis a' Bhòrd san t-Samhain 2011
Strategy agreed by the Board in November 2011



Cruthachadh Luach Sòisealtais / Creating Societal Value

Faigh 3% èifeachdasan an co-rèir ri targaid èifeachdais na roinne poblach aig Riaghaltas na h-Alba
Achieve 3% efficiencies in line with Scottish Government's public sector efficiency target

Targaid air a coileanadh
Target achieved



LÈIRMHEAS AIR A' BHЛИADHNA /
BBC ALBA AGUS MEADHANAN
GÀIDHLIG EILE


A REVIEW OF THE YEAR /
BBC ALBA AND OTHER GAELOC
MEDIA CONTENT







1. Na Geamannan: Island Games - Brighter Still Photography
2. Turas a' Bhradain - © STV/Andy Ford
3. Cuir air bhog Freeview air BBC ALBA: BBC ALBA Freeview Launch - SNS Group
4. Trusadh: Ups and Downs
5. Balach nan Each
6. Caileagan an lasgaich
7. Rêteach



LUCHD-COIMHID

San Ògmhios 2011 thòisich BBC ALBA a' craoladh air Freeview agus Càball, rud ris an robhar a' feitheamh cho fada, agus leudaich seo ruigsinneachd na seirbheis gu barrachd luchd-coimhid. Dh'èirich ruigsinneachd is mothachadh gu math luath gu ère na b' àirdé na bh' ann roimhe. San treas chairteal de 2011-12, bha ruigsinneachd 15+ mionaidean gach seachdain cuibheasach ri 13.6% (560,000) de shluagh na h-Alba air fad – am figear a b' àirdé a chaidh a chlàradh gu ruige seo airson trì mìosan agus còrr is dùblachadh air an ruigsinneachd sheachdaineach mus tainig seirbheisean Freeview/Càbaill. Thairis air a' bhliadhna gu lèir bhon Giblean 2011 chun Mhàirt 2012 bha an ruigsinneachd cuibheasach 15+ mionaidean aig 10.6% (436,000), le ruigsinneachd roghnach na bliadhna gu lèir aig 12.5% (515,000). Tha luchd-coimhid na Gàidhlig air gabhail gu math ri clàr-ama na bliadhna agus sa chairteal mu dheireadh de 2011-12, ràinig BBC ALBA cuibheasachd de 77.9% den luchd-freagairt uile gach seachdain – a' chuibheasachd ràitheil as àirdé gu ruige seo.

Tha iarrtas airson prògraman BBC ALBA air iPlayer a' sìor fhàs, a' dùblachadh iarrtas na bliadhna an-uirdh le còrr air 2 mhìlliean shealladh de phrògraman ALBA. Eadar an Giblean 2011 is am Màrt 2012, fhuairreadh 2,197,466 iarrtasan airson prògraman BBC ALBA air iPlayer, le 1,872,510 sruthan roghnach, 282,796 sruthan sgaoilidh agus 42,160 luchdachadh a-nuas roghnach. Tha seo a' riochdachadh meudachadh comharrachte bho na 1,156,916 seallaidhean iPlayer ann an 2010/11. Bha na prìomh phrògraman ris an deach sealltainn air iPlayer a' gabhail a-steach nam prògraman cloinne, *Wallace and Gromit* agus *Peppa*, na sreathan firinneach, *Air an Rathad*, *Mnathan-glùine*, *Glasgow City FC* agus prògraman ciùil, *Rockness* agus *Horo Gheallaidh*.

PRÒGRAMAN FIRINNEACH

Tha an t-sreath *Trusadh*, le Mactv, a' leantainn air a' cruthachadh filmean cumhachdach, sònraichte a tha an lùib an cuid phrògraman, a' sealltainn beatha cho-aimsireil ann an Alba. Am measg prògraman na bliadhna-sa chaidh rannsachadh a dhèanamh air Down's Syndrome - *Ups and Down's*, ME – *The Toxic Tiredness: An Sgitheanach Nimheil* agus air an stiogma co-cheangailte ri Bipolar - *Bipolar & Me: Suas is sìos nam Inntinn*. Fhuair sinn cuideachd sealladh air saoghal sgileil dràibheadh ralaidh agus sinn a' leantainn dràibhear às na h-Eileanan Siar, Calum Seòras Bochanan agus chaidh sinn air turas àrd is iosal an cois ciad sheusan Camanachd Leòdhais an aghaidh balaich mhòra na camanachd san Liòg Nàiseanta!

AUDIENCES

June 2011 saw the much anticipated launch of BBC ALBA on Freeview and Cable, extending the service's availability to a wider audience. Reach and awareness quickly rose to a much higher level than before. In the third quarter of 2011-12, 15+ minute weekly reach averaged 13.6% (560,000) amongst the Scotland-wide population - the highest figure yet reported for a three month period and more than double the pre-Freeview/Cable weekly reach. Over the full year since April 2011 to March 2012 the average 15+ minute reach was 10.6% (436,000), with anytime reach for the full year at 12.5% (515,000). The Gaelic audience has also responded very well to this year's schedule and in the last quarter of 2011-12, BBC ALBA reached an average of 77.9% of all respondents each week – the highest quarterly average to date.

The demand for BBC ALBA content on the iPlayer continues to grow apace, doubling the previous year's result with over 2 million views of ALBA programmes. From April 2011 to March 2012, there were 2,197,466 requests for BBC ALBA content on iPlayer, consisting of 1,872,510 on-demand streams, 282,796 simulcast streams and 42,160 on-demand downloads. This represents a marked increase on the 1,156,916 iPlayer views in 2010/11. Top iPlayer viewed programmes included children's programmes *Wallace and Gromit* and *Peppa*, factual series, *Air an Rathad*, *Midwives*, *Glasgow City FC* and music programming, *Rockness* and *Horo Gheallaidh*.

FACTUAL PROGRAMMES

The *Trusadh* series, produced by mactv, continues to create the powerful, individual films reflecting Scottish contemporary life that have become its hallmark. Amongst the programmes this year we investigated Down's Syndrome - *Ups and Down's*, ME – *The Toxic Tiredness: An Sgitheanach Nimheil* and the stigmas of Bipolar - *Bipolar & Me: Suas is sìos nam Inntinn*. We also gained an insight into the high octane world of rally driving as we followed Western Isles based driver Calum George Buchanan and a journey of true highs and lows as we followed Lewis Camanachd's first season with the shinty big boys in the National League!

Tha ar sreath, *Soillse*, cuideachd le Mactv, a' toirt gu luchd-coimhid na h-Alba farsaingeachd sgeulachdan bho air feadh an t-saoghal. Am measg nan cuspairean, bha sùil bhon taobh a-staigh air beatha dhaoine an sàs ann am mèinnearachd ann an Ameireaga a Deas; beatha sa phriosan ann an Nirribhidh le sgeulachd bhon phriosan air Eilean Batsoy agus cùis sgrùdaidh mu bhuaidh blàthachadh na cruinne air daoine a tha a' fuireach air eileanan iosal agus roghainn ro eileanaich Takuu fuireach a' sabaid nan irean àrda mara no fàgail airson dachaigh a dhèanamh air tìr-mòr.

Agus tha ùidh aig ar luchd-coimhid fhathast ann am pearsachan Albannach. Sa Chèitean 2011, nochd Kenny Dalglish nuair a fhuair e dreuchd manaidseir Liverpool FC – airson na dara uair. Sa bhliadhna nuair a chomharrach e cuideachd a 60mh co-latha-breith, thug prògram molaidh, a rinn Sorbier Productions a dh'aona ghnothaich dha BBC ALBA, sùil air ais air beatha is euchdan aon den luchd-spòrs as ainmeile a bh' ann an Alba a-riamh. Gu sònraichte cuideachd, dh'fhoillsich sinn fiosrachadh mun obair charthannais aige sna h-Eileanan an Iar, còmhla ri a bhean Marina, air nach eilear ro eòlach. Ann an *Turas Tony* (Solus Productions), dh'fhàg an cleasaiche Tony Kearney cofhurtachd stiùidio telebhisein airson a dhol an sàs ann an dreuchdan eadar-dhealaichte is dùbhlachanach. Bha sinn a' faighneachd, ann an Tiriodh, an robh Tony freagarrach airson a bhith na mhanaidsear taigh-òsta, na chòcaire ann an aon de phriomh thaighean-bidhe Ghlaschu, na iasgair air tràlair sa Chuan Siar agus na bhall de Sgioba Teasairginn a' Mhonaidh Ruaidh! Agus ann am prògram drùidhteach air Latha na Nollage, a rinn STV Productions, bha seinneadair is rionnag STV, Michelle McManus, a' lorg a freumhan ann am Barraigh is i a' siubhal dha na h-Eileanan Siar air turas ciùil.

Tha aithriseachd amhairceach na prìomh ghnè ann an cruinneachadh BBC ALBA. Bha *Dance: Dannsa*, a rinn mneTV, a' leantainn sia buidhnean dannsa bho air feadh Alba, aig aoisean is stoidhlichean dannsa eadar-dhealaichte, bho ballet clasaigeach is co-aimsireil, buidheann dhannsairean còrr air 60 bliadhna gu criutha breakdance. Chaidh an t-sreath a gheàrr-liostadh airson duaisean Fèis nam Meadhanan Ceilteach. Bithear ag ràdh "cha bu chòir dha tachairt dha lighiche-sprèidh", ach bha an t-sreath, *Vets: Gach Creutair Beò*, a rinn Midas Media, a' leantainn lighichean-sprèidh ann an diofar shuidheachaidhean an Alba, sa bhaile is air an dùthach, agus chaidh sealltainn gum bi e a' tachairt gu tric! Bho leòmhann ann am Pàirc Safari gu bò le stamag chuar teachail ann an Gallaibh, bha an t-sreath a' tabhann sheallaidhean dlùth is pearsanta

Our *Soillse* series, also by Mactv, continues to bring a wide range of stories from around the world to the Scottish audience. Subjects have included an insider's view of life for many working in the mining industry in South America; imprisonment Norway style with the story of the Batsoy Island prison and a case study of the impact of global warming on people living on low-lying islands as the Takuu islanders face the choice of staying and battling rising water levels or leaving to make a home on the mainland.

And home-grown Scottish personalities continue to fascinate our audience. In May 2011, Kenny Dalglish smashed back into the headlines when he was reappointed manager of his beloved Liverpool FC - for the second time. In the year that he also celebrated his 60th birthday, a tribute programme made exclusively for BBC ALBA by Sorbier Productions, looked back at the life and achievements of one of the most outstanding sportsmen Scotland has ever produced. Uniquely too, we revealed his lesser known charity work in the Western Isles, with his wife Marina. In *Turas Tony* (Solus Productions), actor Tony Kearney swapped the comfort of a television studio for some varied and challenging professions. We asked whether Tony had what it takes to be a hotel manager in Tiree, a chef at one of Glasgow's top Restaurants, a trawlerman in the North Atlantic Sea and a member of the Cairngorm Mountain Rescue Team! And in a touching Christmas Day special programme produced by STV Productions, singer and STV star, Michelle McManus, sought out Barra roots and travelled to the Western Isles on a journey of musical discovery.

Observational documentary is a key genre in BBC ALBA's repertoire. *Dance: Dannsa*, produced by mneTV, followed six dance groups from all over Scotland with wildly varying ages and dance styles, from classical ballet to contemporary, an over-60s group to a breakdance crew. The series was shortlisted for the Celtic Media Festival awards. It is said that "it shouldn't happen to a vet", but the series *Vets: Gach Creutair Beò*, produced by Midas Media, followed vets in a variety of urban and rural Scottish settings and demonstrated that it often does! From a sickly lion in a Safari Park to a cow with a revolving stomach in remote Caithness the series offered close-up and personal views of the life of a Scottish vet. *Midwives: Mnathan Glüine*, produced by Eyeline Media for BBC ALBA, offered access to the lives of staff and patients in the Raigmore Hospital,

1. Turas a' Bhradain - © STV / Rick M. Walker
2. King Kenny: Sgeulachd Dalglish - © Press Association Images
3. Dannsa Beò
4. Turas Tony
5. Is Mise Michelle McManus - © STV
6. Mnathan-glúine: Midwives



1



2



3



4

5



BBC ALBA IS THE BEST
THING TO HAPPEN TO
TV FOR YEARS...



6



1. Duaisean FilmG: FilmG Awards - Carol McCabe Photography
2. Dè a-nis?
3. Dannsa Beò
4. Doli
5. Sgioba An Là
6. Na Geamannan: Island Games - Brighter Still Photography



